

Co-Eismeachd Unity

le Iain Aonghas MacLeòid

Co-Eismeachd, Co-Eismeachd, Co-Eismeachd mar sluagh
Unity, unity, unity as a people.

Rann 1

Bho dhùisgeas mi 's a mhadainn mhoich gun tig cadal oidhch' le sith;
From the time I awaken in the early morning until night-time sleep comes with peace
Bho'n chiad là thig bliadhn' ùr a-steach gus an tèid an Dùbhlachd dhinn;
From the first day of the New Year until December passes us by,
Bho'n Ear, bho Dheas, bho Thuath gur a tric a chluinneas mi
From the East, from the West, from South, from North often times I hear
droch sgeul air trioblaidean troimh chèil' is air aimhrèit agus strì.
bad news of trouble and unrest, disagreement and strife.

Seisd

Carson ma-tà nach aithnichear gur aon teaghlach sinn fo'n ghrèin;
Why then is it not recognised that we are one family under the Sun (on Earth);
gur bràithrean agus peathraichean th'anns chinne-daon' gu lèir:
That brothers and sisters are all of humanity:
ge dubh no bàn g'eil dreach na gruaidh biodh i buidh, donn no ruadh,
Whether dark or fair the colour of the cheek, be it yellow, brown or red
tha'n tuigse ghnàth a' taisbeanadh ar co-eismeachd mar sluagh.
Reason constantly shows our unity as a people.
Co-eismeachd.
Unity.

Rann 2

O, Cheilteach chaomh, mo chuideachd-sa do'm bu dual a bhi nur seòid
O gentle Celts, my people, to whom it was hereditary to be heroes,
's math dh'fhaodach sinne eisimpleir chur am follais do na slòigh
well might we present an example to the multitude;
nì Chuimrigh, Mhannain, 's Eirinn uain' a' Bhreatainn Bheag 's a' Chòrn
's ar n-Albann fhèin,
Wales, Man, green Ireland, Brittany and Cornwall, our own Scotland
ar Tìr mu Thuath, dhan an t-Saoghal mhòr deagh sheòl.
Our Northern Land will be to the wide world a worthy example.

Rann 3

Their cuid gur i ar cànan fhèin bha air bilean Adhaimh 's Eubh;
Some say that it was our own language which was on the lips of Adam and Eve;
ach rinn Tùr Bhàibeil sgaradh air na chum cinne daon' aig rèit:
but the Tower of Babel separated all that kept the world's people in harmony.
Gidheach, tro Eachdraidh feadh gach linn is fhad mhaireas grian nan speur
However, through centuries of history and while sun of the heavens remains,
's ionmholtà 'n caitheamh beatha grinn chuir an Ceilteach caomh an cèill.
praiseworthy is the pleasant way of life which the gentle Celt has shown.

co-eismeachd - unity; **sluagh** - people; **dhùisgeas** - awaken; **mhadainn** - morning; **mhoich** - early; **cadal** - sleep; **oidhch'** - evening, night; **sith** - peace; **chiad là** - first day; **bliadhn' ùr** - New Year; **a-steach** - comes in; **Dùbhlachd** - December **Ear** - East; **Dheas** - South; **Thuath** - North; **tric** - often; **chluinneas** - heard; **droch sgeul** - bad news; **trioblaidean** - troubles; **troimh chèil'** - with each other; **aimhrèit** - disagreement; **strì** - strife;

Carson - why; **ma-tà** - then; **aithnichear** - recognise, discern; **aon teaghlach** - one family; **sinn** - us; **fo'n ghrèin** - under the sun; **bràithrean** - brothers; **peathraichean** - sisters; **chinne-daon'** - mankind; **gu lèir** - altogether; **dubh** - black; **bàn** - fair; **dreach** - appearance; **gruaidh** - cheek; **biodh i** - be it; **buidh** - yellow; **donn** - brown; **ruadh** - red; **tuigse ghnàth** reason; **taisbeanadh** - revealing;

Cheilteach - Celts; **chaomh** - gentle; **chuideachd** - people, company, society; **dual** - hereditary; **seòid** - heroes; **dh'fhaodach sinne** - we should; **eisimpleir** - example; **follais** - make known; **slòigh** - multitude; **Chuimrigh** - Wales; **Mhannain** - Man; **Eirinn** - Ireland; **uain'** - green; **Bhreatainn Bheag** - Brittany; **Chòrn** - Cornwall; **Albann** - Scotland; **fhèin** - itself; **Tìr mu Thuath** - Land of the North; **Dhan** - to the; **an t-Saoghal** - the world; **mhòr** - great; **deagh** - good; **sheòl** - guide;

Their - say; **cuid** - some; **cànan** - language; **ar** - our; **fhèin** - itself; **bilean** - lips; **Adhaimh** - Adam; **Eubh** - Eve; **rinn** - did; **Tùr Bhàibeil** - Tower of Babel; **sgaradh** separated by force; **chum** - kept; **cinne daon'** - mankind; **rèit** - harmony; **Gidheach** - nevertheless; **Eachdraidh** - history; **feadh** - throughout; **gach** - every; **linn** - century; **mhaireas** - enduring; **is fhad** - as long as; **grian** - sun; **speur** - heavens; **ionmholtà** - praiseworthy; **caitheamh beatha** - mode of living; **grinn** - elegant, kind; **chuir** - put, placed; **cèill** - inspired;